

<b>BÒRD NA GÀIDHLIG</b>		
<b>Geàrr-chunntas coinneimh:</b> <b>Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan</b> <b>Dimàirt 09/06/2020 09.15 – 12.15</b> <b>Seisean Dùinte - Tro MS Teams</b>		<b>Minutes of the meeting of:</b> <b>Policy &amp; Resource Committee</b> <b>Tuesday 09/06/2020 09.15 - 12.15</b> <b>Closed Session - Via MS Teams</b>
<b>Buill Bùird an Làthair:</b> Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML] Màiri T NicAonghais [MTNA] Johan Nic a Ghobhainn [JNG]		<b>Board Members Present:</b> Donald MacLeod (Chair) [DML] Mary T MacInnes [MTMI] Johan Smith [JS]
<b>A' frithealadh:</b> Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI] Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais [AG] – Puing 2 Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Càin is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB] Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW] Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh 's Pròiseactan [SK] – Puingean 2.1, 2.2, 2.5, 4.2 & 4.3 Louise NicIleathain, Manaidsear Ghnìomhan [LNI] Carol Niclain, A' Clàradh a' Gheàrr-chunntais [CNI]		<b>In attendance:</b> Shona MacLennan, Ceannard [SML] Alex Graham, Head of Finance [AG] – Item 2 David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB] Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW] Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] - Items 2.1, 2.2, 2.5, 4.2 & 4.3 Louise MacLean, Operations Manager [LML] Carol Johnson, Recording the Minutes [CJ]
<b>1.0</b>	<b>CÙISEAN TÒISEACHAIDH</b>	<b>OPENING ITEMS</b>
<b>1.1</b>	<b>Fàilte is Leisgeulan</b> Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.	<b>Welcome &amp; Apologies</b> The Chair welcomed everyone to the meeting.
<b>1.2</b>	<b>A' nochdadh com-pàirt</b> DML: CNES – Puing 2.5 MTNA: Ceòlas, CnaG is Oilthigh Ghlaschu – Puing 2.5 AG: Comhairle na Gàidhealtachd – Puing 2.5	<b>Declarations of Interest</b> DML: CNES – Item 2.5 MTMI: Ceòlas, CnaG & Glasgow University – Item 2.5 AG: Highland Council – Item 2.5
<b>1.3</b>	<b>Geàrr-chunntas</b> Chaidh <b>GABHAIL RI</b> geàrr-chunntas na coinneimh a chumadh air 21-04-2020 leis an atharrachadh ainmichte.	<b>Minutes</b> The Minutes of the meeting held on 21-04-2020 were <b>APPROVED</b> with noted amendment.
<b>1.4</b>	<b>Clàr-gnìomha</b>	<b>Action Log</b>
	<u>Co-dhùnadh:</u> Thug Buill <b>FA-NEAR</b> dhan fhiosrachadh as ùire sa chlàr-gnìomha, is dhan atharrachadh a chaidh ainmeachadh.	<u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the action log updates with noted amendment.
<b>1.5</b>	<b>GISBE</b> – Com-pàirteachadh le Coimhearsnachdan – Adhartas nas Luaithe – A' trusadh Buill Bùird ùra	<b>AOCB</b> – Engagement with Communities – Faster Rate of Progress – Recruitment of new Board Members
<b>2.0</b>	<b>IONMHAS</b>	<b>FINANCE</b>
<b>2.1</b>	<b>Maoineachadh (£15K &lt;&gt; £40K)</b> (thàinig SK a-steach) <b>GLAIF 20-21</b> Comhairle Siorrachd Lanraig a Tuath, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig - £30,000 Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar, A' Brosnachadh Cleachdadh Gàidhlig - £15,000 An Lanntair, Oifigear Gàidhlig - £15,000  <u>Co-dhùnadh:</u> Às dèidh deasbad, chaidh maoineachadh <b>AONTACHADH</b> mar a chaidh a thaisbeanadh.	<b>Funding (£15K &lt;&gt; £40K)</b> (SK joined) <b>GLAIF 20-21</b> North Lanarkshire Council, Gaelic Development Officer - £30,000 West Dunbartonshire Council, Promoting Gaelic Usage - £15,000 An Lanntair, Gaelic Officer - £15,000  <u>Decision:</u> After discussion funding was <b>APPROVED</b> as presented.

2.2	<p><b>LearnGaelic.scot – Oifigear Dhàimhean Didseatach</b></p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Às dèidh deasbad, chaidh maoinachadh <b>AONTACHADH</b> mar a chaidh a thaisbeanadh.</p> <p><u>Gnìomh:</u> DB gus cuireadh a thoirt do LearnGaelic gus taisbeanadh a thoirt do choinneamh a' Bhùird aig coinneamh ri tighinn.</p>	<p><b>LearnGaelic.scot – Digital Engagement Officer</b></p> <p><u>Decision:</u> After discussion funding was <b>APPROVED</b> as presented.</p> <p><u>Action:</u> DB to invite LearnGaelic to make a presentation to the Board at a future meeting.</p>
<b>SEISEAN FOSGAILTE BHO 10.00M</b>		<b>OPEN SESSION FROM 10.00AM</b>
	<p>Chuir an cathraiche DML fàilte air a h-uile duine gu seisean fosgailte na coinneimh.</p> <p>Thug an Cathraiche fa-near gur e seo Latha Fhèill Chalum Chille agus gun deach làrach-lìn ùr “Colmcille 1500” a chur air bhog air an latha sin mar phàirt de cho-phròiseact eadar Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge.</p>	<p>Chair DML welcomed all to the open session of the meeting.</p> <p>Chair noted that this was St Columba’s Day and marked the launch of a new website “Colmcille 1500” as part of a joint project between Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge.</p>
2.3	<b>Aithisg Ionmhais gu 27-05-2020</b>	<b>Finance Report to 27-05-2020</b>
	<p>Thug AG geàrr-chunntas seachad air an t-suidheachadh ionmhasail gu ruige seo, agus air buaidh Covid-19 gu ruige seo, agus thug buill FA-NEAR gun tèid sùil a chumail air buidseatan, agus gun tèid ath-sgrùdaidhean sam bith a thèid a mholadh a thoirt do Bhuill airson beachdachadh orra aig an ath choinneimh.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>AG gave a briefing on the financial position to date, and the impact of Covid-19 to date, and Members <b>NOTED</b> that budgets will be monitored, and any recommended revisions will be presented to Members for consideration at the next meeting.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information presented.</p>
2.4	<b>Aithisg Bhliadhna is Cunntasan 2019-20</b>	<b>Annual Report and Accounts 2019-20</b>
	<p>Dh'aithris AG do Bhuill gun deach an turas sgrùdaidh a choileanadh gu soirbheachail tro bhith a' gluasad fhaidhlichean is fiosrachadh air-loidhne. Tha na beachdan a fhuaradh air ais bhon chiad phàirt den phròiseas seo air a bhith brosnachail agus tha obair a' dol air adhart mar is còir gus am bithear deiseil gus bruidhinn air na cunntasan deireannach aig a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd san Lùnastal.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p>AG informed Members that the scheduled audit visit had been successfully completed via online transfer of files and information. Feedback has been positive from this first part of the process, and work is on track to be able to discuss the finalised accounts at the Audit and Assurance Committee in August.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information presented.</p>
2.5	<p><b>Maoinachadh (£15K &lt;&gt; £40K)</b> <b>GLAIF 20-21</b></p> <p>Thug SK geàrr-chunntas seachad air na diofar thagraidhean air am feumar beachdachadh. Dh'fhàg DML a' choinneamh fhad 's a bhathar a' deasbad air CNES</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> <b>DH'AONTAICH</b> buill ris na molaidhean maoinachaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p><b>Funding (£15K &lt;&gt; £40K)</b> <b>GLAIF 20-21</b></p> <p>SK gave an overview of the applications to be considered. DML left the meeting during discussion on CNES.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>APPROVED</b> the funding recommendations as presented.</p>

<b>3.0</b>	<b>RIAGHLADH CORPORRA</b>	<b>CORPORATE GOVERNANCE</b>
	<p><b>Plana Obrach 2020/21 - Sgrùdadh</b> Bheachdaich na buill air an adhartas air na diofar amasan ann am Plana Obrach 2020/21 agus chuir iad fàilte air an t-seasmhachd a tha air nochdadh tro atharrachaidhean agus innleachdan ri linn cuingealachaidhean Covid-19 aig an àm seo.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh mar a chaidh a thaisbeanadh.</p>	<p><b>Operational Plan 2020/21 – Monitoring</b> Members discussed the progress on the various objectives in the 2020/21 Operational Plan and welcomed the resilience being shown in adaptations and innovations due to current Covid-19 restrictions.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information as presented.</p>
<b>4.0</b>	<b>CLEACHDADH</b>	<b>USAGE</b>
<b>4.1</b>	<b>Planaichean Gàidhlig</b>	<b>Gaelic Language Plans</b>
	<p><b>PT1 – Comhairle na h-Eaglaise Brice</b> Thaisbean DB an dreachd Plana Gàidhlig aig Comhairle na h-Eaglaise Brice, agus chuir na buill fàilte air an adhartas a bhathar a’ dèanamh ann am Foghlam Gàidhlig san sgìre.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> <b>DH’AONTAICH</b> na buill ris a’ phlana le molaidhean comharraichte.</p> <p><u>Gnìomh:</u> DB gus iarraidh air Comhairle na h-Eaglaise Brice an t-ìomradh air Oifigear Ealain is Cultarach na Gàidhlig a thoirt air falbh agus gus an teacs atharrachadh air an làraich-lìn aca a thaobh gnìomhan Gàidhlig.</p>	<p><b>PT1 – Falkirk Council</b> DB presented the draft Gaelic Language Plan from Falkirk Council, and Members welcomed the progress being made in Gaelic Education in the region.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>APPROVED</b> the plan with noted recommendations.</p> <p><u>Action:</u> DB to ask Falkirk Council to remove reference to Gaelic Arts and Cultural Officer and to amend wording on their website detailing Gaelic activities.</p>
<b>4.2</b>	<p><b>Buaidh taic Bhòrd na Gàidhlig air obair òigridh</b> Thug SK aithris seachad air an aithisg, anns an robh geàrr-chunntas den taic a tha Bòrd na Gàidhlig air a thoirt seachad do dh’obair òigridh. Chaidh deasbad a chumail air mar a tha am fiosrachadh a’ cuideachadh le bhith a’ comharrachadh raointean airson leasachadh agus iomairtean a bharrachd gus conaltradh eadar Oifigearan Gàidhlig a leasachadh, agus air dòighean gus sgoiltean a bhrosnachadh a bhith an sàs ann am pròiseact Colmcille 1500.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh agus chuir iad fàilte air an adhartas.</p> <p><u>Gnìomh:</u> DB gus co-dhùnaidhean na h-aithisg a chleachdadh gus tuilleadh conaltraidh eadar Oifigearan Gàidhlig a thoirt air adhart agus gus sgoiltean a thoirt an sàs ann an iomairtean co-cheangailte ri Colmcille 1500.</p>	<p><b>The Impact of BnG support on youth work</b> SK gave Members an overview of the report, which summarised the support Bòrd na Gàidhlig has been able to offer in supporting youth work. Discussion took place on the information helping to identify areas for further development and initiatives to improve communication between Gaelic Officers, and ways to encourage school involvement with the Colmcille 1500 project.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information in the paper and welcomed the progress.</p> <p><u>Action:</u> DB to use the report findings to develop further engagement between Gaelic Officers and engage schools in initiatives connected to Colmcille 1500.</p>
<b>4.3</b>	<p><b>A’ bhuaidh aig COVID-19 air pròiseactan maoinichte le BnG</b> Thug SK geàrr-chunntas seachad air com-pàirteachadh airson pròiseactan làithreach agus bha Buill toilichte gu bheil fios air ais a’ nochdadh gu bheil a’ mhòr-chuid a’ sireadh dhòighean libhrigidh eile leithid air-loidhne, gus dèanamh cinnteach gum bi adhartas ann.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh agus chuir iad fàilte air an adhartas.</p>	<p><b>The impact of COVID-19 on BnG funded projects</b> SK gave a briefing on the engagement with current projects and Members welcomed that feedback suggests that most are currently seeking alternative methods of delivery such as online, to ensure progress.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information in the paper and welcomed the progress.</p>

	<p><u>Gnìomh:</u> DB gus goireas fiosrachaidh a chruthachadh airson pròiseactan maoinichte a tha a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha slàinte inntinn agus sunnd mar thoradh air a' bhuaidh aig Covid-19.</p> <p style="text-align: right;"><i>(Dh'fhàg SK a' choinneamh)</i></p>	<p><u>Action:</u> DB to create an information resource for funded projects highlighting the importance of good mental health and wellbeing with the impact of Covid-19.</p> <p style="text-align: right;"><i>(SK left the meeting)</i></p>
<b>5.0</b>	<b>IONNSACHADH</b>	<b>LEARNING</b>
	<p><b>Pròiseactan Foghlaim - am fios as ùire</b> Thug JW geàrr-chunntas seachad air na h-iomairtean Foghlaim agus air a' cho-obrachadh aige le Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ùidh foghlaim eile, a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh chothroman curraicealaim, leasachaidhean a thaobh greisean-gnìomhachais airson tidsearan-pròbhaidh agus planaichean airson sgoiltean ùra tro mheadhan na Gàidhlig. Bha buill toilichte a thoirt <b>FA-NEAR</b> gun robh deagh shluagh an làthair aig Co-labhairt Air-loidhne an Luchd-teagaisg bho chionn ghoirid agus gun robh na beachdan a fhuair a' beachd air ais gu math fàbharach.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh.</p> <p><u>Gnìomh:</u> JW gus faighinn a-mach an gabhadh na seiseanan fiosrachaidh bho Cho-labhairt an Luchd-teagaisg a chur air-loidhne mar ghoireas do luchd-teagaisg.</p>	<p><b>Education Projects – Update</b> JW gave a briefing on the education initiatives and his engagement with Scottish Government and other education stakeholders, including the development of curriculum opportunities, improvements with probationer placements and plans for new Gaelic medium schools. Members were pleased to <b>NOTE</b> that the recent online Gaelic Teachers conference was well attended, and feedback has been very positive.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information.</p> <p><u>Action:</u> JW to ascertain if the information sessions from the Teachers Conference could be made available as an online resource.</p>
<b>6.0</b>	<b>GNOTHAICHEAN CORPORRA</b>	<b>CORPORATE MATTERS</b>
<b>6.1</b>	<p><b>Ro-innleachd ICT</b> Thug LNI aithris seachad air an tionndadh as ùire den ro-innleachd ICT.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh.</p>	<p><b>ICT Strategy</b> LML gave a briefing on the current revision of the ICT Strategy.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information.</p>
<b>6.2</b>	<p><b>Suirbhìdh Luchd-obrach 2021</b> Thug LNL seachad geàrr-chunntas do na Buill air an aithris beòil tòiseachail air suirbhìdh an luchd-obrach, a chaidh a lìonadh le 90% de luchd-obrach, anns am facas piseach anns gach raon. Thèid an làn aithisg agus na toraidhean uile a thaisbeanadh aig an ath choinneimh.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> Thug buill <b>FA-NEAR</b> don fhiosrachadh.</p>	<p><b>Staff Survey 2021</b> LML gave Members a briefing on the initial verbal report on the staff survey, which had been completed by 90% of staff, where improvement has been seen in all areas. Full report and findings will be presented at the next meeting.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>NOTED</b> the information.</p>
<b>7.0</b>	<b>PLANA OBRACH NA COMATAIDH</b>	<b>COMMITTEE WORKPLAN</b>
	<p><b>Dreachd Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan</b> Mhol SNL gun cumadh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan coinneamh a bharrachd faisg air deireadh an Lùnastal.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u> <b>DH'AONTAICH</b> buill coinneamh a bharrachd a chumail.</p> <p><u>Gnìomh:</u> SNL gu bhith a' sgaoileadh cinn-latha airson coinneamh eile aig CPG agus gu bhith ag ùrachadh a' phlana obrach a rèir seo agus ga sgaoileadh do Bhuill is Oifigearan a-rithist an uair sin.</p>	<p><b>Policy &amp; Resources Draft Work Plan</b> SML recommended an additional meeting of the Policy and Resource Committee (PRC) towards the end of August.</p> <p><u>Decision:</u> Members <b>AGREED</b> to an additional meeting.</p> <p><u>Action:</u> SML to arrange to have dates circulated for an additional PRC meeting, with the work plan updated accordingly and re-issued to Members and Officers.</p>

8.0	GNOTHACH IOMCHaidH SAM BITH EILE	ANY OTHER BUSINESS
8.1	<p><b>Com-pàirteachadh le Coimhearsnachdan</b> Bha deasbad ann mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh ceangal ri coimhearsnachdan agus dh'iarr na Buill gun rachadh sgrùdadh a dhèanamh air dòighean com-pàirteachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann.</p> <p><u>Gnìomh:</u> SNL gus plana gnìomh a dhealbhadh airson cothroman conaltraidh le Coimhearsnachdan còmhla ris an Oifigear Conaltraidh agus an Sgioba-stiùiridh.</p>	<p><b>Engagement with Communities</b> Discussion took place on the value of connecting with communities and Members asked that possible methods of engagement be investigated.</p> <p><u>Action:</u> SML to devise an action plan for communication opportunities with communities with the Communications Officer and the Leadership Team.</p>
8.2	<p><b>Adhartas nas Luaithe</b> Thug JW aithris seachad air na h-amasan foghlaim anns an iomairt seo. Thug DB fiosrachadh seachad cuideachd air an obair a tha luchd-obrach a' dèanamh agus air conaltradh le buidhnean air an taobh a-muigh. Thathar ag ullachadh phlanaichean gus an treas co-labhairt a chumail air-loidhne.</p>	<p><b>Faster Rate of Progress</b> JW briefed Members on progress with the educational workstreams from this initiative. DB also advised on the work being done by staff, and engagement with external organisations involved. Plans to hold the third annual symposium online are being prepared.</p>
8.3	<p><b>A' trusadh Buill Bùird Ùra</b> Rinn SNI aithris do Bhuill mun stiùireadh làithreach aig aonad Cur-an-dreuchd Poblach aig Riaghaltas na h-Alba. Thathar ag obair air measadh sgilean nam Ball Bùird làithreach, a bu chòir cuideachadh a thoirt dhan sgioba fastaidh a thaobh slatan-tomhais fastaidh aon uair 's gun tòisich iad air na pròiseasan àbhaisteach aca a-rithist. Dh'iarr buill gun rachadh dèiligeadh ri seo anns a' bhad leis gu bheil cuid de na Buill làithreach a' tighinn gu deireadh nan teirmean aca taobh a-staigh na bliadhna ionmhais seo.</p> <p><u>Gnìomh:</u> SNI gus leantainn air adhart a' conaltradh le Aonad Cur-an-Dreuchd Poblach Riaghaltas na h-Alba, gus dèanamh cinnteach gun tèid Buill a bharrachd le sgilean iomchaidh fhasadh cho luath 's a ghabhas, aon uair 's gun tèid cùisean air ais dhan àbhaist.</p> <p>Thug an Cathraiche taing don a h-uile duine a bha an làthair airson a bhith an sàs agus thug e cuireadh don fheadhainn a bha a' coimhead air a' choinneimh gus ceistean no fios air ais a chur a-steach air post-d.</p> <p>Thèid ceann-latha airson na h-ath coinneimh a chomharrachadh agus a dhearbhadh cho luath 's a ghabhas.</p> <p>Dhùin a' choinneamh aig 12.15.</p>	<p><b>Recruitment of new Board Members</b> SML briefed Members on the current guidance from the Scottish Government Public Appointments unit. Work is currently being undertaken on the skills evaluation from current Board Members, which should inform recruitment criteria once processes are resumed. Members asked that this be addressed as a matter of the urgency as some of the current Members are coming to the end of their terms within this financial year.</p> <p><u>Action:</u> SML to continue engagement with the SG Public Appointments Unit, in order to ensure the recruitment of additional suitably skilled Members as soon as possible, once normal business is resumed.</p> <p>Chair thanked all present for their involvement and invited those watching the meeting live to submit questions or feedback via email.</p> <p>A date for the next meeting date will be identified and confirmed as soon as possible.</p> <p>The meeting closed at 12.15</p>